



COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

SEIRBHEIS FOGHLAIM, CULTAIR AGUS SPÒRS

FIOSRACHADH DO PHÀRANTAN

2010

FIOSRACHADH DO PHÀRANTAN

1. RO-RÀDH

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' còmhach sgìre mhòr agus tha 29 àrd-sgoiltean, 183 bun-sgoiltean agus 5 sgoiltean sònraichte san sgìre sin.

Tha a h-uile sgoil sa chomhairle co-oideachail agus tha a' chuid mhòr dhiubh neo-sheòrsaichte. Tha aon bhun-sgoil Chaitligeach ann an Inbhir Nis agus dà bhun-sgoil Chaitligeach sa Ghearastan. Chan eil àrd-sgoiltean seòrsaichte ann idir.

Tha ullachadh sa h-uile bun-sgoil airson ìrean P1-7 agus sna h-àrd-sgoiltean airson AS1-6.

Tha foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ga thabhan ann am 20 bun-sgoil tro sgìre na Comhairle (fiosrachadh gu h-ìseal) agus tha cuspairean gan teagasg tro Mheadhan na Gàidhlig ann an 7 àrd-sgoiltean. Tha cùrsaichean cànan Gàidhlig, do dh'fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh, air an tabhan ann an 15 àrd-sgoiltean, agus tha cànan agus fiosrachadh bunaiteach mun Ghàidhlig air a theagasg ann an 35 bun-sgoiltean. www.highland.gov.uk/learninghere/schools/gaelicmediumeducation/

BUN-SGOILTEAN LE ROINNEAN GÀIDHLIG 2009-10

Bun-sgoil Àth Tharracail	Bun-sgoil Loch Carrainn
Bun-sgoil Dhrochaid a' Bhanna	Bun-sgoil Mhalaig
Bun-sgoil an Àth Leathainn	Bun-sgoil Bruach na Muilne
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis	Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh
Bun-sgoil Chnoc na Creige	Bun-sgoil a' Phluic
Bun-sgoil Inbhir Pheofharain	Bun-sgoil Phort Rìgh
Bun-sgoil Dhùn Bheagain	Bun-sgoil Shlèite
Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain	Bun-sgoil Stafainn
Bun-sgoil Gheàrrloch	Bun-sgoil Thunga
Bun-sgoil Chille Mhoire	Bun-sgol Ulapuil

Tha fiosrachadh mu sholarachd foghlaim, a' gabhail a-steach leabhran-iùil na sgoile, ri fhaighinn dìreach bho na sgoiltean. Ma tha sibh airson fiosrachadh mu Fhoghlam Gàidhlig fhaighinn, bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifis Foghlaim, Cultair is Spòrs na sgìre (fiosrachadh seòlaidh aig crìoch na sgrìobhainn seo).

2. A' CLÀRADH UR PÀISTE SA BHUN-SGOIL

'S ann air stèidh aon uair sa bhliadhna, aig toiseach an t-seisein ùir san Lùnastal, a thathar a' gabhail clann dhan bhun-sgoil.

2.1 Aoisean Inntigidh

Sa chumantas, 's e clann aig a bheil an còigeamh co-là-breith eadar 1 Màrt den bhliadhna sin agus an latha mu dheireadh den Ghearran an ath bhliadhna a thèid a gabhail a-steach dhan sgoil. Ach faodaidh pàrantan iarrtas a chur a-steach airson inntrigedh tràth dhan bhun-sgoil airson pàiste aig a bheil an còigeamh co-là-breith an dèidh an latha mu dheireadh den Ghearran. Ma tha sibh airson 's gun tèid beachdachadh air a' phàiste agaibh a chur dhan sgoil trath, bu chòir dhuibh sgrìobhadh gu Manaidsear Foghlaim, Cultair agus

Spòrs na sgìre agaibh is cuiridh iadsan air dòigh measadh le Seirbheis Saidhgeolais Foghlaim Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha a' chòir aig pàrantan le clann a rugadh eadar Sultain agus an Gearran (m.e. nach eil fhathast ach 4 bliadhna air latha tòiseachaidh na sgoile) dàil a chur ann an inntigeachd don bhun-sgoil ma tha iad den bheachd nach eil an cuid cloinne deiseil airson na sgoile. Ach 's e a-mhàin clann aig a bheil co-làithean-breith san Fhaoilleach no sa Ghearran air an tèid beachdachadh gus maoinachadh fhaighinn airson bliadhna a bharrachd ann an sgoil-àraich, mura h-eil suidheachaidhean sònraichte ann.

2.2 Solarachd Bun-sgoile agus Clàradh Phàistean sa Bhun-sgoil

Tha sgìre-ghlacaidh shònraichte aig gach sgoil agus sa chumantas thèid ur pàiste do bhun-sgoil chomharraichte na sgìre. Ach ann an cuid de shuidheachaidhean, gu h-àraidh ann am bailtean nas motha, chan eil e soilleir dè an sgoil a tha na sgoil chomharraichte ionadail. San t-suidheachadh seo bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na sgìre airson daingneachadh fhaighinn mu dè an sgoil a tha ceart airson ur seòladh-puist.

Ma tha pàiste gu tòiseachadh ann an sgoil san Lùnastal bu chòir e/i a chlàradh ann am bun-sgoil na sgìre ro dheireadh an Fhaoilich roimhe. Tha làn fhiosrachadh mu mar a bu chòir clann a chlàradh ri lorg sna sanasan ionadail a thathar a' foillseachadh gach bliadhna san Fhaoilleach.

Faodar iarrtas a chur a-steach airson àite dhan phàiste agaibh ann an sgoil eile seach sgoil na sgìre. Tha fiosrachadh mu iarrtasan airson àiteachan sgoile sa leabhran eile a tha an cois seo - 'Roghainn Phàrant – Iarrtasan Airson Àiteachan Sgoile'.

2.3 Rèiteachaidhean Gabhail a-steach airson Prìomh a h-Aon

Bu chòir do sgoilearan Prìomh 1 a dhol gu latha slàn nam pàistean bhon a' chiad latha de sheisean na sgoile. Ach, tha sùbailteachd ann a leigeas le Ceannardan latha nas giorra a chumail do phàistean airson a' chiad dà sheachdain de sheisean na sgoile. Thèid rèiteachaidhean mionaideach airson seo aontachadh taobh a-staigh nam Buidhnean Sgoile Buntainneach gus duilgheadasan ionadail is pragtaigeach sam bith a sheachnadh. Nì ceannardan cinnteach gun tèid fiosrachadh mu na rèiteachaidhean a-mach gu pàrantan cho luath 's a ghabhas.

3. GLUASAD BHO BUN-SGOIL GU ÀRD-SGOIL

Sa chumantas, bidh buidheann de Bhun-sgoiltean ann an sgìre co-cheangailte ri aon Àrd-sgoil. Bidh sgoilearan, mar as trice, a' gluasad bhon Bhun-sgoil don Àrd-sgoil a tha co-cheangailte rithe aig ìre bun-sgoil 7 (eadar 11 ½ agus 12 ½ bliadhna a dh'aois).

Chan eil cinnt sam bith gun gluais sgoilearan a tha ann am Bun-sgoil mar thoradh air iarrtas soirbheachail roghnachadh-sgoile don Àrd-sgoil a tha co-cheangailte ris a' Bhun-sgoil seo. Bu chòir do phàrantan dearbhadh fhaighinn bhon Bhun-sgoil mu airidheachd an cuid cloinne a thaobh frithealadh na h-Àrd-sgoile a tha co-cheangailte rithe. Faodar seo a dhèanamh cuideachd le bhith a' cur fios gu Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na sgìre.

Faodaidh pàrantan iarrtas a chur a-steach dhan cuid cloinne airson roghnachadh-sgoile seach Àrd-sgoil na sgìre (tha seo a' gabhail a-steach pàrantan aig a bheil clann ann am

Bun-sgoil mar thoradh air roghnachadh-sgoile soirbheachail agus a tha airson gun gluais an cuid cloinne don Àrd-sgoil a tha co-cheangailte ris a' Bhun-sgoil sin). Seallaibh ris an fhiosrachadh mu roghnachadh-sgoile gu h-ìseal.

Gheibhear fiosrachadh mu Bhun-sgoiltean is an Àrd-sgoiltean co-cheangailte, bhon bhun-sgoil agaibh, bho Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na sgìre air duilleagan-lìn na Comhairle aig <http://www.highland.gov.uk/learninghere/schools/>

4. FEUMAN TAICE A BHARRACHD

Tha e mar phoileasaidh aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi pàrantan an sàs gu h-ìomlan ann am measadh is co-dhùnadh sam bith co-cheangailte rin cuid cloinne, agus gach oidhirp reusanta a dhèanamh clann oideachadh a rèir miann am pàrantan.

Tha dleastanas laghail aig a' Chomhairle, mar Ùghdarras an Fhoghlaim, feumalachdan na cloinne sna sgoiltean aice a tha a' cur feum air tuilleadh taic ionnsachaidh, a chomharrachadh is a choinneachadh. Tha e cudromach a' chlann sin a chomharrachadh is a mheasadh cho luath 's a ghabhas gus am faigh iad an taic foghlaim a tha freagarrach dhaibh. A thaobh a' chuid as motha de chloinn a tha a' cur feum air tuilleadh taic ionnsachaidh bithear a' dealbhadh is a' cumail sùil air an taic tro Phrògram Oideachail Pearsanta/Plana Pàiste. Ma bhios a' Chomhairle a' meas gu bheil feumalachdan a bharrachd aig pàiste no òigear a tha fad-ùineil agus cudromach, agus a tha a' cur feum air taic cho-òrdanaichte bho chòrr is aon bhuidhinn no aon sheirbheis, feumaidh a' Chomhairle, a rèir an lagha, beachdachadh air co dhiubh a bu chòir Plana Taice Co-òrdanaichte a dheasachadh.

Tha a' Chomhairle a' dèanamh ullachadh airson foghlam sgoilearan de aois sgoile aig a bheil feumalachdan a bharrachd le bhith a' cleachdadh trì dòighean-obrach farsaing:

Far an gabh a dhèanamh, thathar a' cuideachadh sgoilearan gus am foghlam fhaighinn nan sgoiltean ionadail. Ach tha cuid de sgoilearan a' cur feum air dlùth-fhoghlam no foghlam nas speisealta. Tha cothrom aig a' chuid mhòr de na sgoilearan sin a bhith a' frithealadh sgoiltean goireasaichte, no sgoiltean sònraichte ann an Sgìre an Ùghdarrais, seach gu bheil ullachadh den t-seòrsa sin ann do sgoilearan le duilgheadasan ionnsachaidh, claidneachd, corporra agus conaltraidh, agus dhaibhsan aig a bheil duilgheadasan *autistic*.

Bidh àireamh fìor bheag de sgoilearan a' cur feum air dlùth-fhoghlam sònraichte no air foghlam air falbh bhon dachaigh. Tha na sgoilearan sin a' frithealadh sgoiltean còmhnaidheach sònraichte air taobh a-muigh Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus tha Ùghdarras an Fhoghlaim a' coinneachadh làn chosgais an fhoghlaim, na còmhnaidheachd is an t-siubhail.

Faodaidh pàrantan sgoil shònraichte iarraidh dhan phàiste aca. Faicibh an leabhran a bharrachd a tha an cois seo "Roghainn Phàrant - Iarrtasan Airson Àiteachan Sgoile".

Thathar a' moladh do phàrantan a tha den bheachd gu bheil an cuid cloinne a' cur feum air tuilleadh taic ionnsachaidh, a dhol sa chiad àite gu luchd-obrach na sgoile don bheil am pàiste a' dol. Faodaidh pàrantan cuideachd fios a chur gu Seirbheis Saidhgeolais Chomhairle na Gàidhealtachd airson an uallaichean a thogail riutha (fiosrachadh aig crìoch

na sgrìobhainn seo). Taobh a-staigh frèam A' Soirbheachadh Airson Gach Leanabh bidh Plana Pàiste aig gach pàiste le feuman taice a bharrachd. Uaireannan 's e plana aon bhuidhinn a bhios an seo, agus uaireannan eile plana pàiste ioma-bhuidhneach far am feum dà bhuidhinn no barrachd obrachadh còmhla, le pàrantan is luchd-cùraim, gus coinneachadh ri feumalachdan a' phàiste. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun dòigh-obrach cheumnaichte a thaobh taic ionnsachaidh *A' Soirbheachadh Airson Gach Leanabh*, planaichean-taic co-òrdanaichte agus Seirbheis Saidhgeolais Chomhairle na Gàidhealtachd bho làrach-lìn Taic Ionnsachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd: www.highland.gov.uk bhon bhuidhinn saor-thoileach CHIP+ (Fòn: 01463-711189), làrach-lìn: www.childreninthehighlands.com), agus bho Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre.

5. A' GLUASAD GU SGOIL AIR GHÀIDHEALTACHD

Ma tha sibh a' gluasad gu Roinn na Gàidhealtachd no a' gluasad bho aon sgìre gu sgìre eile taobh a-staigh na Gàidhealtachd, feumaidh sibh ur cuid chloinne a chlàradh ann an sgoil ùr na roinne. Feumaidh sibh dearbhadh mu ur gluasad agus ur seòladh ùr a thoirt don sgoil. Sa chumantas 's e litir mu Sochair Chloinne **agus** clàradh na Cìse Coimhearsnachd a bhios an seo.

'S ann glè ainneamh nach bi àite san sgoil aig an dearbh àm. Ma thachras seo cuiridh sinne còmhhdail air dòigh gu sgoil faisg air làimh gus am bi àite ri fhaighinn ann an sgoil na roinne. Bu chòir dhuibh fios a chur chun na sgoile mus gluais sibh gus dèanamh cinnteach mun t-suidheachadh seo. Chan urrainn dhan sgoil ur pàiste a chlàradh gus am bi sibh air gluasad gu h-oifigeil chun an t-seòlaidh ùir agus gus a bheil an sgoil air na sgrìobhainnean freagarrach fhaicinn.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a bharrachd fhaighinn cuiribh fios chun na sgoile no gu Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre.

6. CÒMHDHAIL SGOILE

Ged is e dleastanas nam pàrant a th' ann còmhhdail fhaighinn dhan cuid cloinne, is urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd pàrantan a chuideachadh.

Tha am poileasaidh sgoile againn a' cur an cèill gun tabhainn sinn còmhhdail AN-ASGAIDH ma tha:

- pàiste fo ochd bliadhna a dh' aois, a' fuireach taobh a-staigh sgìre-glacaidh na sgoile a tha e/i a' frithealadh, agus a' fuireach còrr is dà mhìle air falbh bhon sgoil sin (air an t-slighe choiseachd shàbhailte as giorra)
- pàiste ochd bliadhna no barrachd, a' fuireach taobh a-staigh sgìre-glacaidh na sgoile a tha e/i a' frithealadh, agus a' fuireach còrr is trì mìle bhon sgoil sin (air an t-slighe choiseachd shàbhailte as giorra)
- a' Chomhairle air gabhail ris gu bheil tinneas meidigeach air ur pàiste a tha a' ciallachadh nach urrainn dha/dhi coiseachd dhan sgoil
- pàiste air measadh fhaighinn a tha a' sealltainn gu bheil feumalachdan taice a bharrachd aca, a tha a' gabhail a-steach solar còmhhdail
- aig ur pàiste ri slighe a choiseachd a tha a' Chomhairle a' meas neo-shàbhailte do chloinn, fiù 's ged a bhiodh inbheach nan cois.

Chan eil a' Chomhairle a' toirt seachad còmh-dhail bho dhoras gu doras. Ann an iomadh suidheachadh feumaidh a' chlann astar air choireigin a choisearchd gu àite-togail.

Bithibh mothachail nach bi sinn a' toirt còmh-dhail sgoile an-asgaidh do sgoilearan a tha air roghnachadh-sgoile fhaighinn. Bu chòir do phàrantan na cloinne sin ullachaidhean còmh-dhail freagarrach a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gun ruig an cuid cloinne an sgoil gu sàbhailte. Seallaibh ri Earrann 6.2 gun fhios nach bi còmh-dhail lasaichte ri faotainn.

Tha cunntas iomlan air poileasaidh còmh-dhalach na sgoile ri fhaotainn aig:

<http://www.highland.gov.uk/NR/rdonlyres/FD9125C1-8BFE-46AE-ABB4-3F1AD3FCC3FA/0/SchoolTransportPolicy.pdf>

no gheibhear fiosrachadh le iarrtas gu Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre no bho Aonad Co-òrdanachaidh na Còmh-dhalach. Tha fiosrachadh seòlaidh air a thoirt seachad aig deireadh na h-earrainne seo.

6.1 Na Tha Còmh-dhail Sgoile An-asgaidh A' Ciallachadh

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt cùmh-nant do sholaraichean còmh-dhail sgoile bhon sgìre. Ann an cuid de shuidheachaidhean tha còmh-dhail air a thoirt seachad a' cleachdadh crabadan na Comhairle fhèin.

Tha an seòrsa còmh-dhalach an crochadh air an t-slighe fhèin is air na tairgsean a chaidh fhaighinn agus bidh Aonad Co-òrdanachaidh na Còmh-dhalach ann an Seirbheisean Còmh-dhalach, Àrainneachd is Coimhearsnachd a' dèanamh co-dhùnadh às dèidh beachdachadh air grunn nithean.

Dh'fhaodadh an còmh-dhail a bhith mar aon de na leanas:

- bus sònraichte air cùmh-nant sgoile (an t-seirbheis do sgoilearan a-mhàin)
- cead-busa air bus seirbheis na sgìre
- tagsaidh no càr fastaichte prìobhaideach
- aiseag
- carbad leis a' Chomhairle fhèin.

Tha còmh-dhail an-asgaidh sa chumantas a' còmh-dach còmh-dhail don sgoil sa mhadainn agus còmh-dhail bhon sgoil chun na dachaigh feasgar. Chan eilear a' dèanamh ullachadh a bharrachd airson tursan dhachaigh do chloinn sna h-ìrean tràth sa Bhun-sgoil no do leanabain a bhios a' frithealadh latha nas giorra na sgoilearan sna h-ìrean àrda. Anns na suidheachaidhean sin, mura tig am pàrantan gan iarraidh, bithear a' cumail faire air clann a tha airidh air còmh-dhail gu crìoch an latha sgoile.

6.2 Còmh-dhail Lasaichte

Dh'fhaodte gum faigh ur pàiste còmh-dhail sgoile an-asgaidh eadhon ged nach bi e/i a' coinneachadh nan slatan-tomhais. Sa chumantas bhiodh seo air bus-sgoile cùmh-nantaichte le suidheachanan a bharrachd an dèidh dha suidheachanan a thoirt do chloinn a tha a' coinneachadh ri slathan-tomhais còmh-dail-sgoile an-asgaidh.

Bithibh mothachail, ge-tà, nach eil barrantas sam bith ann gum bi a' chòmhdhail seo ri faighinn tro bhliadhna na sgoile gu h-iomlan. Nan cuireadh barrachd chloinne a-steach airson còmhdhail an-asgaidh dh'fhaodadh ur pàiste an suidheachan lasaichte a chall.

6.3 Nuair a bu Chòir Iarrtas a Dhèanamh airson Còmhdhail An-asgaidh

Ma tha ur pàiste a' tòiseachadh sa bhun-sgoil bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach nuair a chlàras sibh e/i san sgoil. Bidh foirmichean aig an sgoil agus bu chòir dhuibh an lìonadh nuair a tha sibh aig an sgoil airson ur pàiste a chlàradh.

Ma tha ur pàiste a' dol don àrd-sgoil bu chòir iarrtas a chur a-steach sa Ghearran den bhliadhna mu dheireadh sa bhun-sgoil. Thèid foirmichean a chur chun na bun-sgoile is bu chòir an tilleadh chun na sgoile ron 28 Gearran.

Mura h-urrainn dhuibh iarrtas a chur a-steach aig an àm a tha air innse (m.e. seach gun do ghluais sibh gu seòladh ùr) faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach às dèidh sin ach dh'fhaodte gum bi dàil ann fhad 's a thathar a' cur chùisean air dòigh is nach tèid còmhdhail a thoirt seachad aig toiseach na bliadhna sgoile. Bu chòir dhuibh fios a chur gu Aonad Co-òrdanachaidh na Còmhdhalach airson an fhoirm-iarrtais cheart.

Ma ghluaiseas sibh dachaigh aig àm sam bith tron bhliadhna, is sibh a' clàradh ur pàiste ann an sgoil ùr, bu chòir dhuibh iarrtas ùr còmhdhalach a dhèanamh aig an àm sin.

Ma ghluaiseas sibh dachaigh aig àm sam bith tron bhliadhna, ach ur pàiste a' fuireach san aon sgoil, bu chòir dhuibh iarrtas ùr còmhdhalach a chur gu Aonad Co-òrdanachaidh na Còmhdhalach cho luath 's a ghabhas. Mura h-eil feum air còmhdhail tuilleadh, cuiribh fios gu Aonad Co-òrdanachaidh na Còmhdhalach.

6.4 Ath-thagraidhean airson Còmhdhail Sgoile

Ma tha sibh airson ath-thagradh an aghaidh a' cho-dhùnaidh a rinneadh, sgrìobhaibh gu Aonad Co-òrdanachaidh na Còmhdhalach.

6.5 Dleastanas Phàrantan/Luchd-cùraim

Bu chòir dhuibh ur cuid chloinne a bhrosnachadh airson an giùlain fhèin gu ceart agus gu sàbhailte nuair a tha iad a' dol, a' siubhal no a' tighinn far còmhdhail-sgoile. Mar phàrantan tha e na dhleastanas oirbh dèanamh cinnteach gun ruig ur pàiste an t-àite-togail ann an àm. Dh'fhaodadh mì-mhodh sam bith co-cheangailte ri ur pàiste còir air còmhdhail an-asgaidh a chall.

Ma bhios ur pàiste a' mì-mhodh air còmhdhail sgoile dh'fhaodadh an sgoil aca modhan smachdachaidh a thogail, mar a dhèanadh iad nam biodh am mì-mhodh a' tachairt san sgoil.

AONAD CO-ÒRDANACHAIDH NA CÒMHDHALACH

Bu chòir dhuibh fios a chur chun an Oifigeir Còmhdhail Ionadail san oifis shaiteil bhuntainnich. Bithibh mothachail nach eil na sgìrean a tha air an còmhdach leis na h-oifisean saiteil a' maidseadh gu dlùth ri structar Sgìreil Foghlaim, Cultair agus Spòrs.

Tha sgìrean-glacaidh Àrd-sgoiltean a tha air an clàradh gu h-ìseal a' gabhail a-steach Bun-sgoiltean buntainneach. Tha na h-oifigearan uile mar phàirt de aon sgioba is dh'fhaodte gum bi iad ag obair às leth a chèile aig amannan.

OIFIS SAITEIL A TUATH

TAIGH RHIND, CRAOBHRAID NAM BRUAICHEAN AN IAR, INBHIR ÙIGE, KW1 5LZ
Fòn: 01955 607043

Sgìre dleastanais àbhaisteach

Gallaibh, Cataibh, sgìre-glacaidh Àrd-sgoil Ulapuill, Taobh Sear Rois cho fada deas ri sgìre-glacaidh Àrd-sgoil Alanais

Oifigear Còmhdhail Ionadail: Christine Dodd

OIFIS SAITEIL AN EAR

OIFIS CÒMHDHALACH CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD, SRÀID AN RÌGH, CINN A' GHIUTHSAICH, PH21 1HP
Fòn: 01540 661009

Sgìre dleastanais àbhaisteach

Inbhir Narann, Bàideanach & Srath Spè, Inbhir Nis *ach* sgìrean-glacaidh Acadamaidh Chille Chuimein is Àrd-sgoil Ghleann Urchadain, *agus* sgìrean-glacaidh Acadamaidh na Cananaich agus Acadamaidh Inbhir Pheofharain (*ach* chan eil Sgoil Naomh Chliamain)

Oifigear Còmhdhail Ionadail: Cara Munro

OIFIS SAITEIL AN IAR

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD, OISEAN CHÀRR, DROCHAID LÒCHAIDH, AN GEARASDAN, PH33 6TL

Sgìre dleastanais àbhaisteach

Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach, sgìrean-glacaidh Àrd-sgoil a' Phluic agus Àrd-sgoil Gheàrrloch, sgìrean-glacaidh Acadamaidh Chille Chuimein agus Àrd-sgoil Ghleann Urchadain, agus Sgoil Naomh Chliamain

Oifigear Còmhdhail Ionadail: Neil Riddell

A' PHRÌOMH OIFIS (LUCHD-STIÙIRIDH AONAD CO-ÒRDANACHAIDH NA CÒMHDHALACH)

SEIRBHEISEAN CÒMHDHALACH, ÀRAINNEACHD IS COIMHEARSNACHD, COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD, RATHAD GHLINN URCHADAIN, INBHIR NIS, IV3 5NX

Fòn: 01463 702457

Oifigear Leasachaidh Còmhdhalach: David Summers

Prìomh Oifigear Còmhdhalach: Bob Edwards

Faodar fios a chur gu buill uile an sgioba aig public.transport@highland.gov.uk

7. GOIREASAN CÒMHNAIDHEACH

Far am feum clann àrd-sgoile, air sgàth iomallachd an dachaigh, fuireach air falbh bhon taigh tro theirm-sgoile, thèid àite fhaighinn dhaibh, gun chosgais sam bith dham pàrantan, ann an aon de dh'àitean-còmhnaidh co-cheangailte ri sgoiltean sònraichte, no thèid cuideachadh a thoirt seachad airson cosgais loidsidh faisg air an sgoil. Mar as trice bidh àitean-còmhnaidh dùinte air an deireadh-sheachdain agus tha an t-Ùghdarras a' pàigheadh airson cosgaisean siubhail na deireadh-sheachdaine.

An-dràsta, tha àiteachan-còmhnaidh anns na h-àiteachan a leanas:

Sròn an t-Sithein

Am Ploc

Port Rìgh

Malaig

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu ullachaidhean àiteachan-còmhnaidh agus cuibhreannan loidsidh bhon Mhanaidsear Foghlaim, Cultair agus Spòrs airson Sgìre Rois, an Eilein Sgitheanaich is Loch Abair. Cha bhi e an urra ris an Ùghdarras cosgaisean còmhnaidh/loidsidh a bharrachd a phàigheadh airson suidheachadh ach a-mhàin san sgoil ionadail.

8. BIADH SGOILE

Tha seirbheis a' bhidhe-sgoile a' tabhann biadh càilear anns a bheil cothromachd beathachaidh ann an àrainneachd a tha sàbhailte, rianail agus mothachail air feumalachdan sgoilearan gus am meal iad àm-lòin a tha sòisealta. Tha roghainnean fallain air gach clàr-bidhe. Chaidh riatanasan beathachaidh Achd nan Sgoiltean (Brosnachadh Slàinte is Beathachaidh) (Alba) 2007 a choinneachadh.

A bharrachd air a seo tha an t-Seirbheis Fhrithealaidh ag obair le Comann na h-Ùireach gus Comharra Clàraidh Biadh airson Beatha a chosnadh; gus slatan-tomhais a shuidheachadh airson clàran-bidhe fallain is càirdeil don aimsir. Tha sinn a' tabhan chlàran-bidhe ràitheil far a bheil 75% den chlàr-bidhe air ullachadh às ùr le stuthan a tha saor bho GM, anns nach eil àireamhan E mì-chàilear no saill haidreadainichte. Bidh sinn a' cleachdadh feòil ionadail le barrantas Tuathanais, uighean ionadail raon-saoir, agus ma 's urrainn dhuinn bidh measan is glasraich ùra ionadail is organaig air an cleachdadh a rèir an ràithe.

Bidh an t-seirbheis fhrithealaidh ag obair gu dlùth le sgoiltean gus cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e dòigh-beatha is daitheid fhallain a bhrosnachadh.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach mu sheirbheis bidhe sgoiltean agus poileasaidh beathachaidh air na duilleagan-lìn a leanas:

<http://www.highland.gov.uk/learninghere/schools/schoolmeals/>

8.1 Bun-sgoil

Tha clàr-bidhe na bun-sgoile a' dol a rèir nan ràithean – cearcall 4 seachdaineach an earraich/an t-samhraidh a' tòiseachadh an dèidh saor-làithean na Càisge agus cearcall an fhoghair/a' gheamhraidh a' tòiseachadh an dèidh saor-làithean an Dàmhair. Bithear a' toirt

seachad biadh traidiseanta le 2 chùrsa a tha an-dràsta a' cosg £1.65 le diofar sheòrsaichean arain agus taghadh de shùgh mheasan, bainne no uisge.

A thuilleadh air seirbheis àm lòn bidh Prìomh 1 agus 2 a' faighinn taghadh de mheasan/ghlasraich 3 tursan san t-seachdain.

8.2 Àrd Sgoil

Tha clàr-bidhe nan àrd-sgoiltean a' tabhann roghainn de lòn 2 chùrsa a tha a' cosg £1.85 an-dràsta. A bharrachd air a seo thathar a' tabhann raon farsaing bìdhe is deoch, a' gabhail a-steach caochladh sheòrsaichean cheapairean, agus *baguettes & wraps* bhon *Deli Bar*.

Tha am Baragan Bìdhe a' tabhann taghadh de 2 phrìomh bhiadh air a bhrùich às ùr, le brot no mìlean is tha e a' gabhail a-steach aran agus taghadh de shùgh mheasan, bainne no uisge. Tha e an-dràsta a' cosg £1.85.

Tha *Smart Mix* a' tabhann ceapaire le lionadh sam bith, roile, *baguette*, *wrap* no poit saileid le brot no measan is taghadh de shùgh mheasan, bainne no uisge a' cosg £1.70.

Tha cuid de dh'àrd-sgoiltean a' tabhann seirbheis ro-òrdaichte far am faigh sgoilearan a tha an sàs ann an gnìomhan aig àm-lòn air òrdugh a chur a-steach sa mhadainn agus a thogail aig àm-lòn gun a bhith ann an ciudha.

8.3 Feuman Sònraichte Daitheid

Tha foirmean iarrtais airson daithead shònraichte rim faighinn bhon sgoil agaibh no le bhith a' tadhal air làrach-lìn na sgìre

<http://www.highland.gov.uk/learninghere/schools/schoolmeals/>

8.4 Biadh Sgoile An-asgaidh agus Cuideachadh le Aodach Sgoile

Dèanaibh cinnteach nach eil ur teaghlach a' call a-mach; dh'fhaodadh gu bheil sibh airidh air Biadh Sgoile An-asgaidh ma tha sibh a' faighinn:

- Taic Teachd-a-Steach (a' gabhail a-steach Creideis Peinnsein Barrantaichte) **NO**
- Cuibhreann Siriche Obrach stèidhte air Teachd-a-Steach **NO**
- Eileamaid sam bith de Chuibhreann Cosnaidh is Taic a' buntainn ri teachd a-steach **NO**
- Cìs-chreideis Chloinne, ach GUN a bhith a' faighinn Cìs-chreideis Obrach, agus gu bheil an teachd-a-steach nas ìsle na £16,040 (ann an 09/10 mar a tha air a mheasadh le Oifis na Cise Nàiseanta) **NO**
- Cìs-chreideis Chloinne agus Cìs-chreideis Obrach, agus teachd a-steach fon stairsnich airson a bhith a' faighinn an ìre as àirde de Chìs-chreideis Obrach, an-dràsta air a shuidheachadh aig £6,420 le Riaghaltas na RA.
- Ma tha sibh 16–18 bliadhna agus a' faighinn gin de na sochairean sin le ur còir fhèin faodaidh sibh tagradh airson biadh sgoile an-asgaidh dhuibh fhèin

- Mas e siriche-comraich a th' annaibh a' faighinn taic fo phàirt VI de Achd In-imriche & Comraiche 1999.

Tuairam Cuideachaidh Airson Aodach Sgoile

Airson tagraidhean ion-roghnach a thathar a' faighinn suas gu 31 Dùbhlachd 2010: £50 gach sgoilear

Airson tagraidhean ion-roghnach a thathar a' faighinn às dèidh 1 faoillich 2011: £25 gach sgoilear

Chan eil gach sgoilear a' faighinn ach aon phàigheadh airson gach bliadhna sgoile

Bithibh mothachail:

Feumar Iarrtas ùr a chur a-steach airson toiseach gach seisean sgoile ùr san Lùnastal.

Tha foirmean-iarrtais airson Biadh An-asgaidh agus Cuideachadh le Aodach Sgoile rim faighinn bho sgoil sam bith, Ionad Seirbheis Chomhairle na Gàidhealtachd, no bho Sheirbheis Foghlaim, Cultair agus Spòrs, Seirbheisean Frithealaidh, 30 Rathad a' Chalaigh, Inbhir Nis IV1 1UA. ☎ 01463 251300. Tro

<http://www.highland.gov.uk/learninghere/schools/schoolmeals/> no le bhith a' cur post-d gu ecscatering@highland.gov.uk.

9. COMHAIRLEAN PHÀRANT

An dèidh reachdas ùr Albannach air Com-pàirteachadh Phàrant, tha na pàrantan uile nam buill de Fòram Phàrant na sgoile aca – 's e briathar a tha seo a tha a' ciallachadh nam pàrant uile. Faodaidh Fòram nam Pàrant an uair sin co-dhùnadh gur e buidheann nas lugha de phàrantan a bhios gan riochdachadh san sgoil agus aig Seirbheis Foghlaim, Cultair agus Spòrs. Bidh e dualtach gum bi Comhairle nam Pàrant a' dol an sàs ann an iomadh tachartas eile mar tachartasan sòisealta, togail airgid etc. Tha Comhairle Phàrant a-nis aig a' chuid mhòr de sgoiltean ann an Comhairle na Gàidhealtachd – tha fiosrachadh a bharrachd mun Chomhairle Phàrant agaibh ri fhaighinn bho Ceannard na Sgoile.

Bidh gach Fòram Phàrant a' tighinn gu co-dhùnadh mu chruth na Comhairle Phàrant aca – cia mheud pàrant, ball taghte msaa a bhios oirre, dè cho fada 's a ruitheas i, agus mar sin air adhart. Mar bhall de Fòram nam Pàrant tha a' chòir agaibh a bhith an sàs ann an co-dhùnadh mu cò a bhios air Comhairle Phàrant na sgoile agaibh, agus tro thìde bheir an sgoil fiosrachadh dhuibh mun a seo. Bheir an sgoil cuideachd fiosrachadh dhuibh mu dhleastanasan is ghnìomhan Chomhairle nam Pàrant.

ATH-SGRÙDADH DEN FHIOSRACHADH A THA SAN SGRÌOBHAINN SEO

Ann an sgrìobhainn seo tha am 'fiosrachadh bunaiteach' mar a tha air iarraidh le Riaghailtean Foghlaim (Fiosrachadh Sgoile is Suidheachaidh) (Alba) 1982. Tha sinn air a h-uile oidhirp a dhèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart ach dh'fhaodadh atharrachaidhean, a bheireadh buaidh air neo-mhearachdachd an fhiosrachaidh, tachairt aig àm sam bith. Thathar ag ath-sgrùdadh an fhiosrachaidh gach bliadhna agus tha an sgrìobhainn seo buntainneach don bhliadhna-sgoile 2010/2011.

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faighinn ann am Beurla.

FAR AM FAIGHEAR FIOSRACHADH

OIFIS FOGHLAIM, CULTAIR AGUS SPÒRS NA SGÌRE,
GALLAIBH, CATAIBH IS TAOBH SEAR ROIS
Mgr Graham Nichols, B.Sc., le Urram

Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre,
Druim Mhuighe, Goillspidh KW10 6TA
Fòn 01463 702000 Facs 01408 634041
Manaidsear Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Druim Mhuighe, Goillspidh KW10 6TA
Fòn 01463 702000 Facs 01408 634041

Mgr Bill Couston, BA le Urram

Prìomh Oifigear Foghlaim
Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Druim Mhuighe, Goillspidh KW10 6TA
Fòn 01463 702000 Facs 01408 634041

Mgr Maurice Mac an t-Saoir, MA MEd

Oifigear Foghlaim
Oifisean Foghlaim, Cultair agus Spòrs
na Sgìre, Druim Mhuighe, Goillspidh KW10 6TA
Fòn 01463 702000 Facs 01408 634041

OIFIS FOGHLAIM, CULTAIR AGUS SPÒRS NA SGÌRE, ROS,
AN T-EILEAN SGITHEANACH & LOCH ABAR

Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs, Sràid a' Chaisteil,
Inbhir Pheofharain, IV15 9HU
Fòn 01349 863441 Facs 01349 863994
Manaidsear Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
(Sealach)
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs, Sràid a' Chaisteil,
Inbhir Pheofharain, IV15 9HU
Fòn 01349 863441 Facs 01349 863994

A' Bh-Uas Rosemary Bridge, B.Sc, Dip Com

Vacant

Prìomh Oifigear Foghlaim, (Sealach)
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs
Ostail Chamaghaidheil, An Gearasdan PH33 7NE
Fòn 01397 707350 Facs 01397 705627

Mgr Iain Jackson

Oifigear Foghlaim, (Sealach)
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs
Ostail Chamaghaidheil, An Gearasdan PH33 7NE
Fòn 01397 707350 Facs 01397 705627

OIFIS FOGHLAIM, CULTAIR IS SPÒRS NA SGÌRE, INBHIR
NIS, INBHIR NARANN, BÀIDEANACH & SRATH SPÈ

13 Sràid Àird Rois, Inbhir Nis IV3 5NS
Fòn 01463 663800 Facs 01463 663809

Mgr Clifford Cooke

Manaidsear Foghlaim, Cultair is Spòrs na Sgìre
(Sealach)
13 Sràid Àird Rois, Inbhir Nis, IV3 5NS
Fòn 01463 663800 Facs 01463 663809

Ms Veronica NicAoidh, BA

Prìomh Oifigear Foghlaim (Sealach)
13 Sràid Àird Rois, Inbhir Nis, IV3 5NS
Fòn 01463 663800 Facs 01463 663809

Marlene Stewart

Oifigear Foghlaim (Sealach)
13 Sràid Àird Rois, Inbhir Nis, IV3 5NS
Tel 01463 663800 Facs 01463 663809

SEIRBHEIS SAIDHGEOLAIS CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

AN SGÌRE A TUATH – GALLAIBH
Ken Crossan

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
Oifis Foghlaim na Sgìre
Taigh Rhind
INBHIR ÙIGE KW1 5LZ
Fòn. 01955 602362

AN SGÌRE A TUATH – CATAIBH & TAOBH
SEAR ROIS
Peta Barber

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
Oifis Foghlaim na Sgìre
BRÙRA
KW9 6PG
Fòn. 01408 623900

AN SGÌRE AN EAR – INBHIR NIS, INBHIR
NARANN, BÀIDEANACH & SRATH SPÈ
Louise McClatchey

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
An t-Seirbheis Saidhgeolais
11/13 Craobhraid Chùil na Càbaig
INBHIR NIS IV2 3RG
Fòn. 01463 233494

SGÌRE ROIS, AN EILEIN SGITHEANAICH AGUS
LOCH ABAIR
Stephanie James

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Ostail Chama Dhail
AN GEARASDAN
PH33 7NE
Fòn. 01397 707350

SGÌRE ROIS, AN EILEIN SGITHEANAICH AGUS
LOCH ABAIR – AN T-EILEAN SGITHEANACH IS
LOCH AILLSE
Bob Leadbetter

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Ostail Eilginn
PORT RÌGH
An t-Eilean Sgitheanach IV51 9EE.
Fòn. 01478 613697

SGÌRE ROIS, AN EILEIN SGITHEANAICH AGUS
LOCH ABAIR – TAOBH SIAR ROIS, INBHIR
PHEOFHARAIN AGUS AN T-EILEAN DUBH

Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre
Oifis Foghlaim, Cultair agus Spòrs na Sgìre
Sràid a' Chaisteil
INBHIR PHEOFHARAIN IV15 9HU
Fòn. 01349 863441

'S ann air Prìomh Shaidhgeolaiche Foghlaim na Sgìre, An t-Seirbheis Saidhgeolais, Craobhraid Chùil na Càbaig, Inbhir Nis IV2 3RG. Fòn. 01463 233494, a tha uallach iomlan airson co-òrdanachadh is rianachd na Seirbheis Saidhgeolais. Tha A' Bh-Uas Bernadette Cairns, Prìomh

Mhanaidsear, Feuman Taice a Bharrachd stèidhte ann an Taigh na Morbhairn, Ospadal an Rathaig Mhòir, Inbhir Nis, IV2 3UJ, Fòn 01463 701348.